



Ceàrdach




Mar a nì thu pàipear airson preusant le stampa buntàta

An àite pàipear a cheannach sa bhùth, faodaidh clann pàipear brèagha a dhèanamh iad fhèin le buntàta agus peant.

Stuthan:

buntàta mòr, geal
gearradairean briosgaid
sgian
bòrd-gearraidh
peant acriolach
bruis-ealain chòmhnard 12mm
pàipear kraft dathte, geal agus donn



Dèan stampa buntàta

Le sgian gheur, dèan dà leth air buntàta mòr, geal. Put an gearradair gu math a-steach dhan bhuntàta.

An uair sin, geàrr timcheall air a' ghearradair aig doimhne 12mm, agus thoir air falbh am buntàta air taobh a-muigh a' ghearradair. Thoir às an gearradair a-nis. Fàgaidh seo an stampa a' stobadh a-mach.

Faodaidh tu a-nis peanta a chur air a' bhuntàta leis a' bhruis agus pàtran a dhèanamh air a' phàipear leis an stampa buntàta.



Dèan Bodach-sneachda a-staigh

Bidh am bodach-sneachda seo snog anns a' phoirdse no anns a' chidsin.

Faigh bloc beag fiodha, bloc nas motha agus bloc nas motha buileach. Glaodh iad ri chèile agus dèan iad geal gu lèir le cnogan-frasaidh peant.

Cuir putain ris a' bhloc as lugha mar shùilean agus geàrr sròn currain a-mach à fòm ciùird orains.

Cuir air stoc agus ad gheamhraidh airson leanabh, 's tha am bodach-sneachda deiseil!





Lampaichean deàlrach

Stuthan:

crogain fhalamh, ghlan, ghlainne
soillsean
glaodh trìd-shoilleir
bruis-ealain 5mm
spàin
coinnean cuilbh no tì-choinnlean

Cuir glaodh air na crogain

Cleachd bruis-ealain 5mm gus glaodh a chur ri taobh a-staigh a' chrogain. Cuir barrachd glaoideh nas fhaisge air a' bhonn agus sgaoil an glaodh gu tana nas fhaisge air a' mhullach.

Fàg mu ¼ de mhullach a' chrogain gun ghlaodh idir.

Cuir soillsean ris a' ghlaodh

Cho luath 's a chuireas tu an glaodh ris a' chrogan, cuir spàin de shoillsean dhan chrogan agus roilig an crogan gus an soillsean a sgaoileadh dhan h-uile h-àite sa bheil glaodh. Cuir soillsean sam bith a tha a bharrachd air ais ann an soitheach an t-soillsein agus gabhaidh a chleachdadh aig àm eile.

Nuair a tha thu ag iarraidh na lampaichean a chleachdadh, cuir ann na coinnean agus las iad. Cleachd iad a-muigh ann an aimsir chiùin/thioram a-mhàin. Na fàg coinneal uair sam bith gun aire a bhith oirre.

Sanas: Ma tha thu airson na crogain a chleachdadh airson rudeigin eile, cuir am bogadh ann an uisge iad gus an glaodh agus an soillsean a thoirt dhiubh.





Ceàrdach



Globa sneachda gun uisge

Na tilg a-mach crogan falamh, glainne – ach dèan annas beag geamhraidh dheth.

Cleachd sàr-ghlaodh gus craobhan beaga Nollaig a cheangal ri ceann a' chrogain. Cuir sneachda fuadain dhan chrogon agus cuir air an ceann.

